

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" which is broadcast at approximately 1150 every Friday morning on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)****

A bheil e ceart ri ràdh – ma tha thu nad cheannard air dùthaich anns an Roinn-Eòrpa, neo faisg air an Roinn-Eòrpa – agus ma tha thu airson geur-leanmhainn a dhèanamh air mion-shluagh anns an dùthaich agad fhèin – faigh ballrachd ann an NATO an toiseach? Tha mi a' cur na ceist, as dèidh do NATO a' chùis a dhèanamh air a' cheann-suidhe Mhilosevic ann an cogadh Chosobho, air sgath 's gu bheil feadhainn ann an tè de dhùthchannan NATO a' cur na ceist cuideachd. 'S i an dùthaich sin – an Turc. Agus 's e am mion-shluagh a th'aca anns an Turc, a tha a' cur na ceist – na Curdaich, neo *Kurds*.

Tha eachdraidh dhuilich aig na Curdaich. Nuair a bha mòran de rìoghachdan beaga na Roinn-Eòrpa air an cruthachadh as ùr as dèidh a' Chiad Chogaidh, bha na Curdaich ag iarraidh dùthaich dhaibh fhèin cuideachd. Ach cha d'fhuair iad i. Agus an-diugh tha na muilleanan aca a' fuireach air talamh a bh'aca airson ceudan bhliadhna – ach eadar còig dhùthchannan eadar-dhealaichte – Ioràc, Siria, Ioràn, Airmìnia ... agus an Turc.

As dèidh a' chogaidh ann an Ioràc o chionn beagan bhliadhnaichean, chuir Aimearaga agus Breatainn casg air feachd-adhair Ioràic bho bhith a' dol thairis air dùthaich nan Curdach anns a' cheann a tuath. Bha sin air sgath 's gu robh Saddam Hussein air geur-leanmhainn a dhèanamh air na Curdaich.

Ach an do rinn iad an dearbh rud nuair a chuir riaghaltas na Tuirc saighdearan gu dùthaich nan Curdach anns an Turc, far an do rinn iad fhèin geur-leanmhainn air an t-sluagh? Cha do rinn. Tha an Turc na bhall de NATO.

Is tha an aon cheist a' nochdadh mu Chosobho. Bha e ceart gu leòr do NATO gnothach a ghabhail ri Cosobho agus ris a' gheur-leanmhainn a rinn na Searbaich ann a sin. Bha e ceart gu leòr dhaibh a ràdh gur ann airson math muinntir an àite a bha iad a' leigeil bomaichean air na Searbaich. Ach dè mu dheidhinn sluagh Curdach na Tuirc?

Tha e ceart ri ràdh nach eil an suidheachadh anns an Turc co-ionann ri suidheachadh Chosobho neo, gu dearbh, suidheachadh Ioràic. Bho fhuair iad cuidhteas an t-arm mar riaghladairean ann an naoi ceud deug, ceithir fichead 's a trì (1983), tha an Turc air a bhith a' feuchainn ri deomòcrasaidh a stèidheachadh anns an dùthaich. Agus tha iad a' cumail a-mach nach eil e na amas dhaibh cron sam bith a dhèanamh air na Curdaich. Tha iad dìreach a' strì an aghaidh ceannarcaich – ris an canar am PKK – a th'air mìltean a mhuirt. Ach, aig bun na cùise, 's e an duilgheadas a th'ann nach eil an riaghaltas ann an Ancara ag aithneachadh gur e sluagh fa leth a th'anns na Curdaich. Tha iad a' gabhail "Turcaich nam Beann" orra. Ach chan e sin beachd nan Curdach – neo mòran aca, co-dhiù.

Agus, a' fàgail Chosobho air an darna taobh airson mionaid, de shaoileadh na Cuimrich an-diugh nan canadh riaghaltas Bhreatainn nach robh a leithid de shluagh ann, is gur e dìreach "Sasannaich nam Beann" a bh'annta. Agus dè dhèanadh na Cuimrich mura robh cothrom aca an cànan a chleachdadh ann am foghlam is craoladh is beatha poblach na dùthcha. Gu mi-fhortanach 's e poileasaidh mar sin a thathar a' cur an sàs fhathast anns an Turc.

Agus bu chòir do leasan a bhith ann a sin do riaghaltas na Tuirc. Tha dà rathad ann air am beulaibh – rathad Chosobho, far am bi bàs, is fulangas, is geur-leanmhainn ann - neo rathad na Cuimrigh, far a bheil deomocrasaidh air Cothrom na Fèinne a thoirt don chànan is cultar mu dheireadh thall. Saoil dè an rathad a ghabhas iad ann an Ancara?

* * *

Faclan na seachdainne: ballrachd: *membership*; a' fulaing: *suffering*; ceann-suidhe: *president*; mion-shluagh: *minority population, ethnic group*; an Turc: *Turkey*; Iorac: *Iraq*; Ioràn: *Iran*; feachd-adhair: *air force*; stèidheachadh: *set up, establish*; suidheachadh: *situation*; ag aithneachadh: *recognising*; fa leth: *separate*; ceannarcach: *terrorist*; fulangas: *suffering*.

Abairtean na seachdainne: a' deanamh geur-leanmhainn air.: *persecuting*; a' cur na ceist: *asking the question*; as dèidh do NATO a' chùis a dhèanamh air X: *after NATO defeating X*; a' Chiad Chogadh: *the First (World) War*; chuir X casg air Y: *X prevented Y*; an dearbh rud: *the same thing*; fhuair iad cuidhteas: *they got rid of*; a' cumail a-mach: *making out, insisting*; tha iad a' gabhail "X" orra: *they call them "X"*; aig bun na cùise: *at the basis of the issue*; a' fàgail Chosobho air an darna taobh: *leaving Kosovo aside*; poileasaidhean a thathar a' cur an sàs: *policies which are put into practice*; air am beulaibh: *in front of them*.

Puing ghràmair na seachdainne: Dè shaoileadh na Cuimrich? *What would the Welsh think? Cuimreach is a Welshman and this is pluralised as Cuimrich. You will meet this pluralisation elsewhere eg bodach (old man) becomes bodaich (old men); fitheach (raven) becomes fithich (ravens). Shaoileadh is the subjunctive mood of the verb saoil sinn (think, suppose); it means "would think". Shaoileadh tu ...(you would think ...). You meet this verb again at the end of the letter – saoil dè an rathad a ghabhas iad? (what road do you think they will take?). It is often met with in conversation in the future tense, although it indicates a current state of thought: saoilidh mi g'eil rudeigin cèrr air (I reckon there's something wrong with him).*

Gnàths-cainnt na seachdainne: Cothrom na Fèinne: *a just opportunity, fair play. Long before the invention of cricket, the Fianntan or Fingalians had established the principle of fair play, allowing their enemies to pick up their swords before slaying them in battle! Fèinne is in the genitive case (ie of the Fingalians). This is a common expression, even in modern Gaelic.*

If you have any opinions on "Litir do Luchd-Ionnsachaidh", Roddy would like to hear from you. Please write to him at BBC, 7 Culduthel Road, Inverness IV2 4AD or at roddy.maclean@bbc.co.uk

* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig